

4 An t-Samhain 2025

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San t-Sultain 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Bun-sgoil Ulbha. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Ceannardas air leth bhon cheannard, le taic mhath bhon phrìomh thidsear, ann a bhith a' cur piseach air eòlasan ionnsachaidh airson gach neach cloinne. Tha clann a' faighinn buannachd à cothroman glè fharsaing gus an cuid eòlais, sgilean agus tuigse a leasachadh ann an co-theacsan brìoghmhor, fìor-bheatha.
- Modhan-obrach ionnsachaidh san sgoil, a tha nam fìor dheagh eisimpleirean, a thaobh seasmhachd agus ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha clann nan luchd-iomairt dealasach, com-pàirteach agus tha an cothrom a bhith ag ionnsachadh mun àrainneachd nàdarra a' còrdadh riutha gu mòr. Tha iad a' cur sùim air an eilean aca fhèin agus tha iad a' comharrachadh cho sònraichte 's a tha e.
- Clann a tha feòrachail, a tha a' dol an sàs ann an gnothaichean agus a tha air am brosnachadh gu mòr. Tha iad modhail agus furanach, agus tha iad a' dearbhadh gu mòr luachan na sgoile iad a bhith còir, urramach agus dìcheallach nan cuid obrach.
- Na dàimhean blàtha, taiceil, altramach air feadh na sgoile agus na coimhearsnachd ionadail. Tha clann a' soirbheachadh fo fheallsanachd dheimhinneach a tha a' toirt taic do an sunnd.
- Obair gu h-èifeachdach ann an com-pàirteachas le com-pàirtichean ionadail agus nàiseanta. Tha luchd-obrach ag obair gu h-èifeachdach le càch gus eòlasan de fhìor dheagh chàileachd a thoirt do gach neach cloinne. Tha na com-pàirteachasan seo a' cuideachadh ann a bhith a' toirt taic do bhuileachadh is coileanadh na sgoile, a tha gu cunbhalach aig ìre àrd.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

- Cumaibh oirbh a' toirt seachad gnìomhachdan ionnsachaidh de dh'àrd chàileachd a tha tarraingeach do gach neach cloinne agus a tha a' toirt dùbhlàn dhaibh agus gam brosnachadh.

Thionail sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile, a' cleachdadh slatan-tomhais deagh-ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4^{mh} eagraan\)](#). Bidh slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè a tha math agus dè tha feumach air leasachadh. An dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' tional nan luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil Ulbha

Slatan-tomhais deagh-ghnè	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	sàr-mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	glè mhath
Gheibhear tuairisgeulan air na measaidhean ann an: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} eagraan) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia-puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF), ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Bun-sgoil Ulbha | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt den ullachadh aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Fraser Forsyth
Neach-sgrùdaidh an Rìgh